



Gu: Ballrachd CLAS

An t-Sultain 2016

A Chàirdean choir,

Coinneamh Bhliadhnail CLAS 2016

Tha mi sgrìobhadh a leigeil fios dhuibh gun tèid Coinneamh Bhliadhnail CLAS a chumail aig **An Alltan** air **Dimàirt 27 An t-Sultain aig 7.30 feasgar.**

Tron bhliadhna a chaidh seachad, tha CLAS air a bhith ag obair gu dìcheallach às leth tidsearan Gàidhlig nan àrd-sgoiltean ann an iomadh raon den obair làitheil aca agus a thaobh deuchainnean agus cùrsaichean ùra. Tha a' bhuidheann gu mòr an comain gach ball a tha air taic a thoirt ann an iomadh dòigh airson amasan na buidhne a thoirt gu buil. Gun taic na ballrachd, cha bhi e comasach an obair dheanamh a tha ri dhèanamh a choileanadh.

Mar sin, thathas a' cur cuireadh thugaibh a thighinn chun na coinneimh seo airson cluinntinn mun obair anns a bheil sinn air a bhith an sàs agus bhur beachdan fhaighinn airson na thèid a dhèanamh an ath bhliadhna. A bharrachd air a seo, 's e cothrom math CPD a th'anns a' choinneimh seo agus anns an t-seadh sin cuideachd tha còir bhur làthaireachd a bhith na bhuannachd dhuibh gu proifeiseanta.

A thaobh nan tidsearan ùra a thòisich am bliadhna, tha ballrachd an asgaidh ann dhuibhse ann an CLAS airson na bliadhna seo. Bhiodh e air leth math ur faicinn ann agus eòlas a chur oirbh. Bidh fàilte chridheil romhaibh!

Tha sinn a' coimhead air adhart gu mòr ri taic nan uile fhaighinn air an fheasgar.

Leis gach deagh dhùrachd,

Alison Cheanadach

Rùnaire CLAS